

ceòlas

Poileasaidh Gàidhlig | Gaelic Language Policy

Ceann-latha Date: air a ghabhail os làimhe **26/10/17**

RO-RÀDH Introduction

Tha cultar, dualchas, ceòl agus cànan na Gàidhlig aig cridhe na h-obrach a th' aig Ceòlas Uibhist Earr., a bhuill agus a' choimhearsnachd sa bheil e suidhichte. 'S e Uibhist aon de na h-àiteachan as Gàidhealaiche a th' air an t-saoghal – a-rèir Cunntas-sluaigh 2011, b' e Uibhist an t-àite a b' àirde a thaobh cuibharrinn-sluaigh aig an robh a' Ghàidhlig ann an Alba.

Mar a dh'fhàs Ceòlas às an àrainneachd sin, tha dàimh mhòr air a bhith ann eadar a' bhuidheann agus a' choimhearsnachd. Tha neartachadh an dualchais Ghàidhlig bheò na bhuannachd don choimhearsnachd agus don chultar.

Tha Ceòlas aithnichte mar aon de na prìomh bhuidhnean-coimhearsnachd a bhitheas a' riochdachadh cultar nan Gàidheal don phoball sna h-Eileanan Siar, air Ghàidhealtachd, ann an Alba agus air feadh an t-saoghail. Bidh Gàidhlig ga bruidhinn gu làitheil san oifis aig Ceòlas, aig tachartasan fad na bliadhna, sa choimhearsnachd agus tha i freumhaichte an dualchas Uibhist.

Mar sin, bidh aig obraichean agus saor-thoilich Cheòlais a bhith a' toirt a' Phoileasaidh Ghàidhlig seo os làimhe agus ga chur an gnìomh.

Gaelic culture, heritage, music and language are at the heart of the work of Ceòlas Uibhist Ltd, its members and the community in which it is situated. Uist is one of the most Gaelic areas in the world – according to the 2011 Census, Uist had the highest percentage of Gaelic speakers in Scotland.

As Ceòlas was established in this milieu, there is a strong link between the organisation and the community. Strengthening the shared living Gaelic heritage is beneficial to all parts of the community and culture.

Ceòlas is recognised as one of the leading community organisations that represents Gaelic culture to the public in the Western Isles, the Gàidhealtachd, in Scotland and around the world. Gaelic is spoken daily in the office, at year-round events, in the community and is an integral part of Uist's heritage.

Accordingly, Ceòlas staff and volunteers will recognise and implement this Gaelic Policy.

1.0 DLEASTANAS AIRSON A' PHOILEASaidH *Responsibility for the Policy*

Bidh e mar dhleastanas air Oifigear Leasachaidh Gàidhlig, ann an co-bhann le luchd-obrach agus an Cathraiche, am Poileasaidh a leasachadh, a sgrùdadh agus a mheasadh a h-uile bliadhna.

It will be the responsibility of the Gaelic Development Officer, in consultation with staff and the Chairperson, to develop, monitor and review this Policy on an annual basis.

2.0 AMASAN A' PHOILEASaidH *Policy objectives*

- Gus piseach a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig ann an Ceòlas, aig tachartasan Cheòlais agus sa choimhearsnachd;
- Tlachd chultarail àrdachadh do luchd-obrach agus oileanaich aig tachartasan Cheòlais;
- A bhith aithnichte aig ìre nàiseanta am measg buidhnean-coimhearsnachd dhe leithid cheudna airson ath-bheothachadh na Gàidhlig le bhith a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig mar phrìomh chànan obrach;
- Gus taic a thoirt don luchd-obrach aig nach eil Gàidhlig ann a bhith a' leasachadh an cuid sgilean sa chànan.

Tha Gàidhlig na chànan obrach aig Ceòlas ach nìthear gach oidhirp gus leas na feadhna aig nach eil a' Ghàidhlig fhrithealadh. 'S e prìomh amas na companaidh cultar na Gàidhlig a bhrosnachadh agus, mar sin, bidh aig a h-uile duine aire a thoirt air prìomh àite na Gàidhlig, agus a cleachdadh san obair, agus a h-uile oidhirp a dhèanamh gus Gàidhlig àrdachadh sa chompanaidh.

- *To enhance the Gaelic usage within Ceòlas, at Ceòlas events and in the community;*
- *To enrich the cultural experience of all staff and students at Ceòlas events and activities;*
- *To be a national model of good practice for community groups in the regeneration of the Gaelic language by actively encouraging the use of Gaelic as a main working language;*
- *To provide support for non-Gaelic speaking staff to develop their ability in the language.*

Gaelic is a working language of Ceòlas but every effort will be made to serve the interests of non-speakers. The company's chief aim is the promotion of Gaelic culture and, as such, every individual must recognise the central place of Gaelic, and the use of Gaelic in its work, and should make every effort to promote Gaelic throughout the company.

3.0 DÒIGH COILEANaidH *Approach*

3.1 FAOTAINNEACHD *Availability*

Bidh am Poileasaidh seo ri fhaotainn air làrach-lìn Cheòlais don luchd-obrach, do dh'oileanaich agus don phoball.

Thèid am Poileasaidh a shònrachadh don luchd-obrach agus Buill a' Bhùird aig toiseachd dhreachdan, mar chùmhnan-obrach, agus gach turas a bhitheas e air ùrachadh. Bidh am Poileasaidh ga cnuasachadh bho àm gu àm aig coinneamhan an luchd-obrach.

The Policy will be available on Ceòlas' website to staff, students and the wider public.

The Policy will be highlighted to staff and Board Members at the start of their posts, as a stipulation of their positions, and each time it is updated. The Policy will be discussed periodically at staff meetings.

3.2 CUIR AN GNÌOMH *Implementation*

Thèid am Poileasaidh seo a chur an gnìomh don luchd-obrach mar phàirt den chùmhnannt obrach aca. Bidh dleastanas sònraichte aig an luchd-obrach airson am Poileasaidh a chur an gnìomh do dh'oileanaich agus don choimhearsnachd. Thèid am Poileasaidh seo a liubhairt don luchd-obrach ann an dòigh chiatach.

The Policy will be implemented as a condition of contract for staff. Staff members will have a particular responsibility to implement the Policy to students and the community. The Policy will be promoted to staff in a positive manner.

4.0 CONALTRADH *Communication*

4.1 CLEACHDADH GÀIDHLIG AIG CEÒLAS *Gaelic usage at Ceòlas*

Gum bi àite aig a' Ghàidhlig an cois na Beurla, mar mheadhan conaltraidh ann an rianachd coitcheann Cheòlais.

Bidh coinneamhan mòra, a leithid na Coinneimh Bhliadhnail, gan cumail sa Ghàidhlig, le eadar-theangachadh mar-aon, far a bheil sin comasach.

Gum bi luchd-obrach a' brosnachadh na feadhna aig a bheil Gàidhlig (luchd-obrach agus oileanaich) agus a' chànan a chleachdadh ann an Ceòlas agus aig tachartasan Chèolais.

That Gaelic has a presence alongside English, as a medium of communication in the general administration of Ceòlas.

Meetings such as the Annual General Meeting will be held in Gaelic, with simultaneous translation, where possible.

That staff actively encourage Gaelic speakers (both staff and students) to use the language in Ceòlas and during all Ceòlas events.

4.2 FÀILTEACHADH AGUS FÒN *Reception and phone*

'S e fàilteachadh goirid sa Ghàidhlig a thèid a chleachdadh air an luchd-tadhail agus air a' fòn. Bidh cànan a' chòmhradh a-rèir na freagairt a gheibhear, far an gabhas a dhèanamh.

A short welcome in Gaelic will be used for visitors and on the phone. The language of conversation will be determined by the answer, when possible.

4.3 CONALTRADH SGRÌOBHTE *Written communications*

Nì luchd-obrach Cheòlais oidhirp gus Gàidhlig a chleachdadh far a bheil i iomchaidh ann an conaltradh sgrìobhte (dealanach neo eile), gu h-àraidh mas ann do bhuidheann Ghàidhlig a tha e.

Bidh sgrìobhainnean cudromach, a leithid na h-Aithisge Bliadhnail agus Geàrr-chunntasan nan Coinneamhan Bliadhnail, dà-chànanach no sa Ghàidhlig.

Bidh seòlaidhean sgrìobhte aig Ceòlas, leithid earr-sgrìobhadh air cunntasan post-d agus seòladh-puist air cairtean gnìomhachais, dà-chànanach, leis a' Ghàidhlig gu h-àrd air neo a' gabhail a' phrìomhachais.

Ceòlas staff will attempt to utilise Gaelic in written communications where appropriate, especially if it is to a Gaelic body.

Key documents, such as the Annual Report and AGM minutes, will be bilingual or in Gaelic.

Written addresses of Ceòlas, such as email signatures and postal addresses on business cards, will be bilingual, with Gaelic above or taking primacy.

4.4 BRATHAN-NAIDHEACHD *Press releases*

Thèid brathan-naidheachd sa Ghàidhlig a chur do na meadhanan Gàidhlig far a bheil e comasach.

Releases will be sent to the Gaelic media in Gaelic when possible.

4.5 LÀRACH-LÌN *Website*

Bidh an làrach-lìn dà-chànanach.

Bidh uallach air an Oifigear Leasachaidh Gàidhlig gum bi gach ùrachadh fiosrachaidh a' dol an-àirde san dà chànan.

The website will be bilingual.

The Gaelic Development Officer will be responsible for ensuring that all information uploaded is done so in both languages.

4.6 SOIDHNICHEAN *Signage*

Bidh soidhnichean agus iùl ann an oifis Cheòlais dà-chànanach.

Ri linn thachartasan Cheòlais, bidh soidhnichean agus stuth sgrìobhte dà-chànanach.

Signage and direction in the Ceòlas office will be bilingual.

During Ceòlas events, signs and other written materials will be bilingual.

4.7 AINMEAN-ÀITE INNSE GALL *Hebridean place-names*

Far a bheil ainm-àite Gàidhlig gu cumanta ann an cleachdadh na coimhearsnachd air neo aithnichte le Gàidheil an Uibhist, thèid an t-ainm Gàidhlig a chleachdadh ann am bileagan, air sanasachd, msaa. Mar eisimpleir, 'Sgoil Dhalabroig' an àite *Daliburgh School*; 'Dalabrog' an àite *Daliburgh*.

Where Gaelic place-names are well-used within the community or amongst Gaelic speakers in Uist, that form will be used in brochures, advertising, etc. For example, Sgoil Dhalabroig instead of 'Daliburgh School'; Dalabrog instead of 'Daliburgh'.

4.8 AINMEAN PEARSANTA *Personal names*

Ann an conaltradh oifigeil neo suidheachaidhean eile ann an cànan sam bith, thèid ainmean pearsanta agus teaghlach a chleachdadh san riochd as fhèarr leis an neach. Ma chleachdas an neach caochladh thionndaidhean a-rèir caochladh shuidheachaidhean cànanach, thèid seo a thoirt fa-near.

In official communication or other situations in any language, the personal and family names of each person shall be used in the format preferred by that person. If the person uses different forms in different linguistic situations, these shall be observed, if known.

5.0 TACHARTASAN *Events*

5.1 OIDEAN *Tutors*

Fhad 's a bhitheas oidean ag obair do Cheòlas, bidh an t-aon dleastanas orra a thaobh a' Phoileasaidh Ghàidhlig seo 's a th' aig an luchd-obrach. Bidh oidean aig a bheil Gàidhlig nan eisimpleirean de dheagh chleachdadh agus cleachdaidh iad Gàidhlig le feadhainn eile aig a bheil a' Ghàidhlig agus luchd-ionnsachaidh, a-rèir an comasan sa chànan.

During employment, tutors will have the same responsibilities to this Policy as general staff. Gaelic speaking tutors will be examples of best practice and use Gaelic with other Gaelic speakers and learners, according to their language abilities.

5.2 OILEANAICH *Students*

Bheirear cothroman do dh'oileanaich aig a bheil Gàidhlig air neo a tha ag ionnsachadh Gàidhlig airson Gàidhlig a chleachdadh aig tachartasan Cheòlais le luchd-obrach agus oileanaich eile aig a bheil Gàidhlig, a-rèir an comasan anns a' chànan.

Thèid oileanaich a bhrosnachadh gus Gàidhlig a chleachadh leis a' choimhearsachd, aig tachartasan leithid thaighean-cèilidh agus cuairtean, gus Gàidhlig nàdarra a nochdadh dhaibh.

Gaelic speaking students, or those who are learning Gaelic, will be given opportunities at Ceòlas events to use Gaelic with Gaelic speaking staff and fellow students, according to their linguistic ability.

Students will also be encouraged to use Gaelic within the community, such as at ceilidh-houses or on walks, to expose them to normalised Gaelic usage.

5.3 CROILEAGAN *Crèche*

Bidh Gàidhlig aig luchd-obrach a' chroileagain. Bidh Gàidhlig na cànan-obrach anns a' chroileagan agus thèid cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh ann.

Crèche workers will be Gaelic speakers. Gaelic will be the working language of the crèche and Gaelic usage will be encouraged.

5.4 BÙTH *Shop*

Bidh Gàidhlig aig luchd-obrach na bùthaidh. Thèid prìomhachas a chur air stuth co-cheangailte ri cànan is cultar nan Gàidheal.

Shop workers will be Gaelic speakers. Sale of merchandise which promotes Gaelic language and culture will be encouraged.

5.5 CÈILIDHEAN *Cèilidhs*

Bidh Gàidhlig aig Fear/Bean an Taighe. Thèid Gàidhlig a chleachdadh airson fàilte a chur air daoine agus airson a' mhòr-chuid den àm aig tachartasan far a bheil e iomchaidh. Bidh beagan eadar-theangachadh gu Beurla ann.

MCs will be Gaelic speakers. Gaelic will be used to welcome people and for most of the time at appropriate events. There will be some English translation.

5.6 GÀIDHLIG DO NA H-UILE *Gaelic for All*

Bidh àm clas 'Gàidhlig do na h-Uile' air a chumail fa leth gus ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh am measg oileanaich agus oidean na sgoile-samhraidh. Nìthear gach oidhirp gum frithealaich a h-uile duine na clasaichean, far a bheil sin iomchaidh.

The time for 'Gaelic for All' will be kept aside to help encourage Gaelic learning amongst students and tutors of the summer school. Comprehensive attendance for all will be expected, where that is appropriate.

6.0 FASTADH *Staffing*

6.1 TRUSADH *Recruitment*

Bidh comasan ann an leughadh, sgrìobhadh agus tuigsinn na Gàidhlig co-dhiù feumail airson tuairsgeulan obrach ùra.

The ability to read, write, speak and understand Gaelic will be at least desirable skills in new job descriptions.

6.2 TAIC LEANTAILEACH *Continuing support*

Bheir Ceòlas taic gu ionnsachadh, togail agus cleachdadh na Gàidhlig am measg an luchd-obrach mar phàirt de leasachadh leantaileach proifeasanta.

Ceòlas will actively support Gaelic learning and usage amongst staff as part of continuing professional development.

Tha Ceòlas Uibhist a' toirt taing dar luchd-maoin:

